




## A' giullachd ceilp

Bhiodh **ceilp** air a buain ann am bàgh, agus air a toirt ann an **cliabh** no le each agus cairt chun a' chladaich. Bhiodh i air a sgaoileadh an sin airson a tiormachadh. Dh'fheumadh a' ceilp a bhith air a cumail cho glan 's a ghabhadh, gun ghainmheach no nithean beaga eile ga salach.



**Bhiodh a' ceilp air a càrnadh ann an cruachan gus am biodh i deiseil airson a losgadh ann an àth no ann an sloc.**

An dèidh beagan lathaichean a' tiormachadh anns a' ghrèin agus anns a' ghaoith, bhiodh a' ceilp air a tionndadh. Nuair a bhiodh an **fheamainn** tioram, dh'fheumadh i a bhith air a losgadh na pùdar.







Bhiodh an **luchd-obrach** ag obair ann an dithisean – bhiodh aon neach a' toirt na feamad chun na h-**àth**, agus bhiodh an neach eile an urra ris an losgadh.

**Bhiodh an teine air a thòiseachadh le ultach connlaich agus sgaoileadh e gu luath thar làr na h-àtha.**

Bhiodh slatan iarainn gan cleachdadh airson an **fheamainn** a ghluasad agus a bhrodadh fhad 's a bha i a' losgadh. Bha gach slat mu cheithir troighean (122cm) a dh'fhaid. Bha iad cho fada seo airson làmhnan an luchd-obrach a dhìon bhon dearg-theas a bhiodh a' tighinn bhon **cheilp**.



**Dh'fheumadh na slatan a bhith air an toirt às an àth bho àm gu àm airson leigeil leotha fuarachadh.**

Nuair a bha a' **cheilp** air losgadh gu leòr fhaighinn, bhiodh i air a putadh gu aon cheann den **àth**. Bhiodh an **luchd-obrach** a' cuideachadh a chèile le seo leis gun robh an fheamainn loisgte tiugh, steigeach agus trom, mar **bhrochan**. Bhiodh càrn de **cheilp** fhliuch aca ri taobh na h-àtha. Mus fhalbhadh an **luchd-obrach** dhachaigh, bhiodh cuid dhen **cheilp** fhliuch air a thilgeil air muin na **ceilpe** a bha a' fuarachadh.







**Fhad 's a bha a' cheilp a' fuarachadh, bhiodh an luchd-obrach a' tilleadh an-ath-latha no an-earar a bhuain tuilleadh ceilpe.**

B' e a' chiad rud a dhèanadh iad nuair a thilleadh iad chun na h-àtha, balla a leagail air aon taobh airson a' ghaoth a leigeil chun na **ceilpe**.



**An uair sin thòisich iad a' briseadh na ceilpe ann am pìosan le òrd no le clach.**

Bha pònaidh aig cuid de theaghlaichean. Bha pònaidhean làidir, tapaidh agus bha nàdar math aca. Bha iad air an cleachdadh gu tric airson obair air a' chroit, leithid a bhith a' giùlan **mòine** no **feamainn**.

Bhiodh **ceilp** ann an Uibhist a Tuath air a toirt le each agus cairt chun a' chidhe ann an Loch Euphort. An sin bhiodh i air a **cothromachadh** agus an uair sin air a cur air bàta airson a toirt gu tìr-mòr.

**Mura biodh each is cairt aig luchd-obrach phàigheadh iad airson each is cairt cuideigin eile a chleachdadh.**

Loch Euphort

